



# ceumannan 4

## ceumannan 4

Pàipear-taic

Earrannan Èisteachd *Listening extracts*

## (C4-1-1-1) Ceumannan 4 Modal 1 Aonad 1 Earrannan Èisteachd

### (C4-1-1-2) Earrann 1 (2. Èist Teaghlach Ùisdein)

- (C4-1-1-3) a. Is mise Ùisdean Fearghasdan. 'S e Dòmhnall an t-ainm a th' air m' athair. Tha e ceathrad 's a sia.
- (C4-1-1-4) b. Tha mo mhàthair ceathrad 's a trì agus 's e Catrìona an t-ainm a th' oirre.
- (C4-1-1-5) c. Tha mo phiuthar Eilidh nas sine na mise. Tha ise fichead.
- (C4-1-1-6) d. Tha mo bhràthair mòr seachd-deug. 'S e Seumas an t-ainm a th' air.
- (C4-1-1-7) e. Tha mo bhràthair beag Fionnlagh trì bliadhna a dh' aois.
- (C4-1-1-8) f. 'S e Peigi an t-ainm a th' air mo sheanmhair. Chan eil fhios agam dè an aois a tha i.

### (C4-1-1-9) Earrann 2 (3a. Èist Tha dithis nam theaghlach)

- (C4-1-1-10) a. Tha dithis nam theaghlach.
- (C4-1-1-11) b. Tha triùir nam theaghlach.
- (C4-1-1-12) c. Tha ceathrar nam theaghlach.
- (C4-1-1-13) d. Tha còignear nam theaghlach.
- (C4-1-1-14) e. Tha sianar nam theaghlach.
- (C4-1-1-15) f. Tha seachdnar nam theaghlach.
- (C4-1-1-16) g. Tha ochdnar nam theaghlach.
- (C4-1-1-17) h. Tha naoinear nam theaghlach.
- (C4-1-1-18) i. Tha deichnear nam theaghlach.

### (C4-1-1-19) Earrann 3 (4. Èist Tha sianar nam theaghlach)

- (C4-1-1-20) a. Tha còignear nam theaghlach.
- (C4-1-1-21) b. Tha ceathrar nam theaghlach.
- (C4-1-1-22) c. Tha ochdnar nam theaghlach.
- (C4-1-1-23) d. Chan eil ach triùir nam theaghlach.
- (C4-1-1-24) e. Tha sianar nam theaghlach.
- (C4-1-1-25) f. Tha teaghlach mòr agam. Tha deichnear ann.
- (C4-1-1-26) g. Chan eil ach dithis nam theaghlach – mì fhìn agus mo mhàthair.

### (C4-1-1-27) Earrann 4 (11. Èist An ann à Glaschu a tha thu?)

- (C4-1-1-28) a. A Mhairi-Anna, an ann à Glaschu a tha thu?  
'S ann.



- (C4-1-1-29) b. A Pheadair, an ann à Peairt a tha thu?  
Chan ann.
- (C4-1-1-30) c. An ann à Ìle a tha thu, a Nèill?  
Chan ann.
- (C4-1-1-31) d. An ann às an Òban a tha sibh, Eilidh?  
'S ann.
- (C4-1-1-32) e. A Mhàrtainn, an ann à Èirinn a tha sibh?  
Chan ann.
- (C4-1-1-33) f. A Ruairidh, an ann às na Hearadh a tha thu?  
'S ann.

---

**(C4-1-1-34) Earrann 5 (13. Èist An ann à Sasainn a tha sibh?)**

- (C4-1-1-35) a. An ann à Uibhist a Tuath a tha thu, a Sheònaid?  
Chan ann.
- (C4-1-1-36) b. Seòna, an ann à Dùn Dèagh a tha thu?  
'S ann.
- (C4-1-1-37) c. Fhionnlaigh, an ann à Inbhir Nis a tha sibh?  
'S ann.
- (C4-1-1-38) d. Aonghais?  
Seadh?  
An ann à Muile a tha thu?  
'S ann, ach tha mi a' fuireach ann an Glaschu a-nis.
- (C4-1-1-39) e. An ann à Sasainn a tha sibh, a Sheumais?  
Chan ann. 'S ann às a' Chuimrigh a tha mi.

---

**(C4-1-1-40) Earrann 6 (14. Èist 'S ann à Uibhist a Deas a tha mi)**

- (C4-1-1-41) a. Is mise Fionnghal. 'S ann à Glaschu a tha mi.
- (C4-1-1-42) b. Hai. Darren an seo. 'S ann à Uibhist a Deas a tha mi.
- (C4-1-1-43) c. Feasgar math! Is mise Alàna agus 's ann às an Eilean Sgitheanach a tha mi.
- (C4-1-1-44) d. Is mise Cailean. 'S ann à Àird nam Murchan a tha mi.
- (C4-1-1-45) e. Hallò! 'S e Uilleam an t-ainm a th' orm. 'S ann às na Hearadh a tha mi.
- (C4-1-1-46) f. Hai! Is mise Sìne. Chan eil mi à Alba. 'S ann à Èirinn a tha mi, ach tha mi a' fuireach ann am Peairt.
- (C4-1-1-47) g. A Raonaid, an ann à Ìle a tha thu?  
Chan ann. 'S ann à Obar Dheathain a tha mi.



(C4-1-1-48) h. 'S ann à Inbhir Nis a tha mi. Is mise Teàrlach.

**(C4-1-1-49) Earrann 7 (19a. Èist Marta NicLeòid)**

(C4-1-1-50) a. Hai! 'S e Marta NicLeòid an t-ainm a th' orm. Tha mi còig-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Tha ceathrar nam theaghlach – mise, m' athair, mo mhàthair agus mo bhràthair beag, Marcin.

'S e Adrianna an t-ainm a th' air mo mhàthair. 'S ann às a' Phòlainn a tha i. Thàinig i a dh' Alba an uair a bha i fichead bliadhna a dh' aois.

'S e Dòmhnall Iain an t-ainm a th' air m' athair agus 's ann à Alba a tha e. Rugadh agus thogadh e ann an Leòdhas. 'S e fiacclair a th' ann agus tha e ag obair ann an ionad-slàinte ann an Inbhir Nis.

Rugadh mi fhìn agus mo bhràthair, Marcin, ann an Inbhir Nis. Tha Marcin dà bhliadhna nas òige na mise, ach tha e nas àirde. Bidh sinn a' dol gu Acadamaidh Chùil Lodair. Tha an sgoil faisg air an taigh againn.

Tha seanair agus seanmhair agam anns a' Phòlainn. Tha iad a' fuireach ann an Wrocław agus bidh sinn a' dol ann a h-uile samhradh air saor-làithean. 'S toigh leam a' Phòlainn. Tha an samhradh blàth agus grianach – nas blàithe na Alba! Tha seanair eile agam ann an Leòdhas. Bidh sinn a' dol a Leòdhas a h-uile bliadhna aig an Nollaig.

**(C4-1-1-51) Earrann 8 (Sùil air ais 7. Èist Rugadh mi anns an t-Sultain)**

(C4-1-1-52) a. Tha teaghlach mòr agam. Tha seachdnar ann – m' athair, mo mhàthair, mo dhithis pheathraichean, mo sheanair agus mo sheanmhair. Rugadh m' athair anns an Fhaoilleach.

(C4-1-1-53) b. Tha an co-là-breith aig mo mhàthair anns an Dùbhlachd.

(C4-1-1-54) c. Tha mo phiuthar beag, Sine, dhà-dheug. Tha an co-là-breith aice anns a' Mhàrt.

(C4-1-1-55) d. Rugadh mo sheanmhair anns a' Ghearran.

(C4-1-1-56) e. Tha co-là-breith aig mo sheanair anns an Ògmhios.

(C4-1-1-57) f. Tha mo phiuthar mhòr, Raonaid, seachd-deug. Rugadh ise anns a' Chèitean.

(C4-1-1-58) g. Ò! Agus mi fhìn – rugadh mise anns an t-Sultain. Bidh mi còig-deug am-bliadhna.

**(C4-1-1-59) Earrann 9 (Cultar )**

(C4-1-1-60) Insert Sound file: Òran 'Siol Ghoraidh' le Runrig - NS

**(C4-1-1-61) Earrann 10 (Cultar)**

(C4-1-1-62) Insert Sound file : Òran 'Mhic Iain Mhic Sheumais' le Julie Fowles - NS

